



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



Notaichean Stiùiridh Thagraidhean





Tapadh leat airson d' ùidh ann a bhith ag obair do Àrainneachd Eachdraidheil Alba.

Gus an cothrom as fheàrr a thoirt dhut air dreuchd fhaotainn leinn, cuidichidh na notaichean seo thu le do thagraidh a chruthachadh agus fiosrachadh a thoirt dhut mu dheidhinn a bhith ag obair againn.

Nach gabh thu beagan mhionaidean a' leughadh tron fhiosrachadh mus lion thu an fhoirm tagraidh.

Airidheachd air obair againn

Mar bhuidheann Seirbheis Phoblach, tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean bho gach diofar nàiseantachd. Tha sinn ag iarraidh air gach neach a tha airson tagradh do dh'aon de na dreuchdan sanasaichte againn, dèanamh cinnteach gu bheil a' chòir aca a bhith ag obair san Rìoghachd Aonaichte (RA). Mura h-eil còir agad air obair san RA agus feum agad air urrasachd bhiosa Obraiche Sgìleil, cuir seo air an fhoirm tagraidh agad. Bidh obraichean a tha airidh air bhiosa Obraiche Sgìleil air an comharrachadh san tuairisgeul obrach.

Saoranaich EEA builichte le inbhe fo Sgeama Suidheachaidh an EU (EUSS)

Bho 1 Iuchar 2021, bidh a' mhòr-chuid de shaoranaich EEA a' dearbhadh an còir air obair tron t-seirbheis còir obrach air-loidhne aig Oifis na Dùthcha. Bidh iadsan a tha air tagradh soirbheachail a dhèanamh gu an EUSS, air am buileachadh le inbhe in-imriche gu didseatach agus chan urrainn dhaibh an còir obrach a dhearbhadh ach a' cleachdadh seirbheis air-loidhne Oifis na Dùthcha 'dearbhadh do chòir air obair do fhastaiche', a tha ri fhaotainn air GOV.UK: <https://www.gov.uk/prove-right-to-work>.

Ma tha saoranaich EEA air am buileachadh le 'Inbhe Shuidhichte' bho Oifis na Dùthcha, bidh còir leantainneach aca air obair, san aon dòigh ri cuideigin le inbhe Cead Inntigidh Neo-shònraichte / Fuireach.

Ma tha saoranaich EEA air am buileachadh le 'Inbhe Ro-shuidhichte' bho Oifis na Dùthcha, bidh còir obrach de dh'ùine chuibhrichte aca agus feumaidh iad sgrùdadh às dèidh làimh a choileanadh. Bheir seirbheis air-loidhne Oifis na Dùthcha comhairle mun àm a dh'fheumas sgrùdadh às dèidh làimh a choileanadh.

Ma tha thu mì-chinnteach mun phàipearachd a dh'fheumas tu gus do chòir air obair san RA a dhearbhadh, thoir sùil air an earrann airidheachd san sgrìobhainn no cuir fios gu Buidheann Chrìochan na RA air 0870 606 7766, www.ukba.homeoffice.gov.uk.

Ma gheibh thu cuireadh gu agallamh, iarraidh sinn ort fianais a thoirt leat a' dearbhadh do chòir air obair san RA (cha ghabhar ri lethbhreacan).

Modhan tagraidh

Tha sinn a' cleachdadh siostam tagraidh air-loidhne a tha na dhòigh èifeachdach is thèarainte airson do thagraidh a lìonadh agus a chur a-steach. Le bhith a' clàradh leinne, faodaidh tu tagradh airson dhreuchdan agus fiosan obrach a chruthachadh gus an urrainn dhuinne innse dhut mu dhreuchdan sam bith a tha air an ùr shanasachadh.

Arainneachd Eachdraidheil Alba – Taigh Longmore, Àite Salisbury, Dùn Èideann, EH9 1SH

Àireamh Carthannais Albannach **SC045925**

Àireamh VAT **GB 221 8680 15**



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA

Bheir an siostam air-loidhne cothrom dhut cuideachd air na pàipearan tagraidh taic uile.

Airson clàradh leinne, tadhail oirnn aig www.historicenvironment.scot/about-us/work-for-us/

Cruthan eile

Tha am foirm tagraidh agus pàipearan taic rim faotainn ann an lethbhreacan eileagtronaigeach no pàipeir.

Cuir fios gu Àrainneachd Eachdraidheil Alba, Goireasan Daonna, Taigh Longmore, Àite Salisbury, Dùn Èideann, EH9 1SH no post-d recruit@hes.scot

Am foirm tagraidh

Tha nochdadh ìomhaigh mhath deatamach on is e d' fhoirm tagraidh a' chiad chonaltradh a bhios agad leinn. Bidh am foirm air a chleachdadh leis an sgioba trusaidh gus co-dhùnadh air cuireadh a thoirt dhut gu agallamh; mar sin tha e riatanach gun lìon thu am foirm cho mionaideach 's a ghabhas. Tha seo a cheart cho buntainneach do ar tagraichean air an taobh a-staigh oir chan urrainn ro-bheachdan sam bith a bhith againn mu do chomasan agus cha bhì sinn a' gabhail cunntas air tagraidhean a rinn thu roimhe.

Ma tha thu a' lìonadh an fhoirm tagraidh led làimh-sgrìobhaidh, dèan cinnteach gun lìon thu am foirm ann an ince dhubh. Cuidichidh seo sinn ma dh'fheumar lethbhreacan. Feuch gun lìon thu gach earrann den fhoirm tagraidh agus comharraich 'neo-bhuntainneach' no N/A sna h-earrannan air nach eil feum san dreuchd.

Ma tha thu a' cur a-steach foirm tagraidh sgrìobhte/clò-bhuailte, dèan cinnteach gun ceadaich thu gu leòr ùine don t-seirbheis puist. Chan urrainn Àrainneachd Eachdraidheil Alba a bhith air an cumail cunntachail airson fhoirmean tagraidh a thèid air chall no air am bi dàil sa phost.

Tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean do dhreuchdan Gàidhlig ann an Gàidhlig no Beurla.

Mar a lìonas tu am Foirm Tagraidh

Innsidh am foirm tagraidh dhut dè am fear den dà mhodh-obrach a chleachdas tu airson tagradh a dhèanamh don dreuchd: le bhith a' solarachadh aon eisimpleir de gach aon de ar prìomh chomasachdan **NO** le bhith a' lìonadh Aithris Comasachd. Faigh a-mach tuilleadh mu gach aon aca gu h-ìosal:

Tagradh Comasachd Àbhaisteach

Tha an tuairisgeul obrach sa phasgan tagraidh agad riatanach agus ion-mhiannaichte don dreuchd dha bheil thu a' dèanamh tagradh agus tha sinn ag iarraidh gun toir thu dhuinn aon eisimpleir, a' cleachdadh fo 200 facal gach comasachd, as fheàrr a thaisbeanas mar a tha d' eòlas buntainneach. Tha a' chomasachd Fiosrachadh is Eòlas a' ceadachadh cunntas de 1000 facal.

Ann am beachdachadh air do chomasachd, bu chòir dhut a bhith ag innse sgeul shoilleir le toiseach, meadhan agus deireadh. Dèan cinnteach gu bheil na h-eisimpleirean sònraichte don chomasachd agus nach eil iad a' bruidhinn mu do dhreuchd ann an dòigh fharsaing.

Àrainneachd Eachdraidheil Alba – Taigh Longmore, Àite Salisbury, Dùn Èideann, EH9 1SH

Àireamh Carthannais Albannach **SC045925**

Àireamh VAT **GB 221 8680 15**



Faodaidh tu beachdachadh air d' eisimpleirean a bhriseadh sìos a' cleachdadh modh-obrach STAR.

- Suidheachadh – thoir seachad mìneachadh goirid air a' cho-theacsa
- Obair – Dè bha thu ag iarraidh a choileanadh? Dè na h-amasan / cinn a bh' agad?
- Gnìomh – Dè rinn thu gu pearsanta?
- Toradh – Dè a' bhuil a bh' air?

Dh'fhaodadh di-chomas air taisbeanadh gu bheil thu a' coileanadh nan slatan-tomhais as lugha, a bhith a' ciallachadh nach fhaigh thu cuireadh gu agallamh.

Aithris Comasachd

Ann an cuid de chùisean, dh'fhaodadh gum bi am pròiseas tagraidh a' gabhail a-steach feum air aon Aithris Comasachd a chrìochnachadh, seach comasachdan fa leth. Bu chòir an earrann seo a cleachdadh gus taisbeanadh mar a choileanas tu riathanasan deatamach is ion-mhiannaichte na dreuchd, a' solarachadh eisimpleirean far an gabh sin a dhèanamh. Sa mhòr-chuid de chùisean, tha an cunntas fhacail airson seo cuibhrichte gu 1,500 facal sa Bheurla is 2,000 facal sa Ghàidhlig. Ma bhios feum aig an dreuchd dha bheil thu a' tagradh air seo, lorgaidh tu barrachd cuideachaidh is mholaidhean air duilleag stiùiridh na h-Aithris Comasachd mar phàirt den phasgan tagraidh agad.

Thoir an aire: Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba ag obrachadh Sgeama Agallamh Obrach Bharantaichte a tha buntainneach do dhreuchdan uile agus a' barantachadh agallamh do thagraiche sam bith le ciorram, ma tha iad a' coileanadh nan slatan-tomhais as lugha don dreuchd fhalamh.

Is iad na slatan-tomhais as lugha, na slatan-tomhais uile (comasachdan is eile) a tha air an liosta san tuairisgeul obrach.

Tuilleadh fiosrachaidh mar thaic don tagradh agad

Aithris taic tagraidh

Tha an earrann seo dhutsa airson fiosrachadh sam bith a bharrachd a thoirt mu do dheidhinn fhèin a tha thu a' faireachdainn a tha buntainneach don dreuchd dha bheil thu a' tagradh agus air nach deach iomradh a thoirt a-cheana. Seo an cothrom agadsa airson thu fhèin a chur air adhart agus fianais a thoirt seachad gu bheil thu a' maidseadh slatan-tomhais na dreuchd dha bheil thu a' tagradh.

Feuch gun leugh thu an tuairisgeul obrach mus lion thu am foirm tagraidh oir tha e a' toirt seachad an fhiosrachaidh uile mun dreuchd a tha ga shanasachadh, a thuilleadh air fiosrachadh mu na comasachdan a tha riatanach no ion-mhiannaichte don dreuchd. Anns an tuairisgeul obrach, bidh am fiosrachadh, na sgilean, an t-eòlas agus na teisteanasan a bhios aig an tagraiche cheart airson a dhèanamh comasach dhaibh an dreuchd a ghabhail os làimh.

Dh'fhaodadh gum bi e feumail dhut lethbhreac a chumail den fhoirm tagraidh a chuir thu a-steach, mar thaic ma gheibh thu cuireadh gu agallamh.

Àrainneachd Eachdraidheil Alba – Taigh Longmore, Àite Salisbury, Dùn Èideann, EH9 1SH

Àireamh Carthannais Albannach **SC045925**

Àireamh VAT **GB 221 8680 15**



Aithris dheireannach

Tha am foirm tagraidh ag iarraidh ort dearbhadh gu bheil thu ag aontachadh leis an aithris. Dh'fhaodadh a bhith a' toirt seachad fiosrachadh nach eil fìor no neo-mhionaideach no fiosrachadh a chaidh iarraidh fhàgail às a dh'aon ghnothaich, toradh anns an tagradh agad a bhith di-cheadaichte. Mura tig seo am follais gu às dèidh tairgse fhaotainn, dh'fhaodadh an tairgse sin a bhith air a toirt air falbh. Mura tig seo am follais gu às dèidh tòiseachadh san dreuchd, dh'fhaodadh e toradh ann an cur à dreuchd.

Cur a-steach d' fhoirm tagraidh

Mus cuir thu a-steach d' fhoirm tagraidh, dèan cinnteach gun gabh thu tìde a' leughadh tron fhoirm gus dèanamh cinnteach nach eil mearachdan no dearmadan sam bith ann, oir cha bhì e comasach dhut atharrachaidhean a dhèanamh aon uair 's gu bheil am foirm air a chur a-steach.

Ma tha thu a' cleachdadh an t-siostaim air-loidhne, faodaidh tu an tagradh agad a shàbhaladh aig àm sam bith mus cuir thu a-steach e, ach cuimhnich nach bì e comasach dhuinn am foirm tagraidh agad a choimhead aon uair 's gu bheil thu air "cuir a-steach tagradh" a thaghadh.

Airson tagraidhean pàipeir, feuch gun cuir thu iad gu seòladh Ghoireasan Daonna mar a tha minichte gu h-àrd.

Cosgaisean Agallaimh

Cha bhì Àrainneachd Eachdraidheil Alba a' pàigheadh chosgaisean agallaimh. Tha cosgaisean bith-beò is siubhail a bhios an lùib a' phròiseas taghaidh nan uallach don tagraiche.

Airidheachd a bhith ag obair dhuinn

Airidheachd

Tha sinn a' cur fàilte air tagraidhean bho gach nàiseantachd agus ag iarraidh gum fiosraich sibh sinn mu ur suidheachadh a thaobh còir air obair san RA, tha seo a' gabhail a-steach tagraichean le saoranachd na RA.

Ma bhios sibh soirbheachail ann an tairgse obrach bhuanne, thèid iarraidh oirbh ur còir obrach san RA a thaisbeanadh dhuinn gus am faod sinn na sgrùdaidhean iomchaidh a chur an gnìomh.

Gabhaidh ur còir air obair san RA a dhearbhadh tro:

- Cead-siubhail no
- Teisteanas Breith / Teisteanas Uchd-mhacachd no
- Sgrìobhainnean BHÌOSA buntainneach
- Còd roinn Inbhe Stèidhichte no Ro-Stèidhichte

Àrainneachd Eachdraidheil Alba – Taigh Longmore, Àite Salisbury, Dùn Èideann, EH9 1SH

Àireamh Carthannais Albannach **SC045925**

Àireamh VAT **GB 221 8680 15**



Is e an liosta de sgrìobhainnean buntainneach BHÌOSA:

1. Cead-siubhail làithreach a tha dearbhte gus taisbeanadh gu bheil an neach-gleidhidh ceadaichte fuireach san RA, agus gu làithreach ceadaichte an seòrsa obrach a tha an ceist, a dhèanamh.
2. Còd Roinn air-loidhne air a bhuileachadh le Oifis na Dùthcha don neach-gleidhidh a tha a' taisbeanadh gum faod an neach ainmichte fuireach gu làithreach san RA agus ceadaichte an obair a tha an ceist, a dhèanamh.
3. Cairt Còmhnaidheachd làithreach air a buileachadh le Oifis na Dùthcha.
4. Teisteanas Clàraidh no Sgrìobhainn Dearbhaidh air Còmhnaidheachd Mhaireannach air a bhuileachadh le Oifis na Dùthcha.
5. Cairt Còmhnaidheachd Mhaireannach air a buileachadh le Oifis na Dùthcha.
6. Cead-siubhail làithreach air a dhearbhadh gus a bhith a' taisbeanadh gu bheil an neach-gleidhidh saor bho smachd in-imriche, ceadaichte fuireach gu bràth san RA, le còir air dachaigh san RA, no gun chuibhreachadh ùine air an raon-ama san RA.
7. Sgrìobhainn Inbhe làithreach air a bhuileachadh le Oifis na Dùthcha don neach-gleidhidh le dearbhadh a' sealltainn gu bheil cead aig an neach ainmichte fuireach gu bràth san RA, no gun chuibhreachadh ùine air an raon-ama san RA, còmhla ri sgrìobhainn oifigeil a' taisbeanadh àireamh Àireachais Nàiseanta an neach sin agus an ainm, air a bhuileachadh le buidheann den Riaghaltas no le fastaiche bhon àm a dh'fhalbh.
8. Làn teisteanas breith no uchd-mhacachd air a bhuileachadh san RA a tha a' gabhail a-steach ainm(ean) co-dhiù aon de phàrantan no de phàrantan uchd-mhacachd an neach-gleidhidh, còmhla ri sgrìobhainn oifigeil a tha a' taisbeanadh àireamh Àrachais Nàiseanta an neach agus an ainm, air a sgaoileadh le buidheann den Riaghaltas no le fastaiche bhon àm a dh'fhalbh.
9. Teisteanas clàraidh no nàdarrachaidh mar shaoranach Breatannach, còmhla ri sgrìobhainn oifigeil a' taisbeanadh àireamh mhaireannach Àrachas Nàiseanta an neach sin.

Ceadachadh Tèarainteachd

Thèid gach tagraiche soirbheachail tro sgrùdadh ceadachaidh tèarainteachd agus nuair a gheibh iad tairgse obrach bho Àrainneachd Eachdraidheil Alba. Thèid iarraidh ort na sgrìobhainnean a leanas a thoirt am follais airson ar sgrùdaidhean ceadachaidh tèarainteachd – thoir an aire gur e na **pàipearan tùsail** a tha ceadaichte – cha ghabhar ri lethbhreacan.



Còir air obair san RA – Feuch gun toir thu leat:

- Cead-siubhail no
- Teisteanas Breith / Teisteanas Uchd-mhacachd no
- Sgrìobhainnean buntainneach BHÌOSA
- Còd roinn Inbhe Stèidhichte no Ro-Stèidhichte

Ma tha do Chòir Obrach san RA às aonais dealbh, feumaidh tu aon de na leanas de Dhearbh-aithne le dealbh-camara a thoirt am follais:

- Cead dràibhidh le dealbh
- Cead-siubhail
- Cairt aithneachaidh nàiseanta

Mura h-eil Dearbh-aithne le Dealbh freagarrach agad, bidh feum againn air 2 dhealbh cead-siubhail co-ionann dhiot fhèin le ainm-sgrìobhte chuideigin a tha ag obair ann an dreuchd aithnichte air a' chùl, agus a tha a' dearbhadh gu bheil na dealbh nan fhìor ìomhaigh dhiot fhèin. Bu chòir dhaibh cuideachd litir a thoirt a tha a' dearbhadh cò iad; an obair; an seòladh; cho fada 's a tha iad eòlach air an tagraiche (feumaidh e a bhith co-dhiù 2 bhliadhna); dearbhadh gu bheil iad còrr air 18 bliadhna a dh'aois; dearbhadh gu bheil cead-siubhail làithreach Breatannach no Èireannach aca (leis an àireamh cead-siubhail).

Teisteanasan

- Ma bha feadhainn air an liostadh san tuairisgeul obrach, feumaidh tu lethbhreacan tùsail de gach teisteanas a thoirt am follais.

Feuch gun cuir thu fios gu sgioba HR tro [Trusadh HES](#) ma bhios ceistean sam bith agad, còmhla ris na sgrìobhainnean riatanach.

Bidh feum aig tagraichean soirbheachail air teisteanas Foillseachaidh Bunaiteach a thoirt am follais a tha nas ùire na 12 mìosan, bithear a' coimhead ri seo fhoillseachadh mus tòisich an dreuchd. Ann an cuid de chùisean, bidh sinn comasach air dreuchd a thairgsinn dhut gus an tig an teisteanas agad.

Gheibhear teisteanas Foillseachaidh dìreach bho làrach-lìn Foillseachadh Alba agus pàighidh sinn cosgais an teisteanais air ais do thagraichean soirbheachail uile.

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba dealasach a thaobh dìon chloinne agus inbhich so-leònte. Mar sin, bidh feum againn air foillseachadh PVG àmail fhaotainn mar as riatanach.

Dìtidhean

Cha dèan sinn leth-breith air iar-chiontaichean, agus tha sinn ag iarraidh gun toir sibh dhuinn mion-fhiosrachadh mu dhìtidhean roimhe sam bith, cha chuir seo bacadh ort gu fèin-obrachail air obair fhaotainn. Beachdaichidh sinn mar a dh'fhaodadh dìtidhean bhon àm a dh'fhalbh buaidh a thoirt air an obair agus a bheil an t-oilbheum buntainneach don t-seòrsa obrach a bhiodh tu a' dèanamh.



Ag obair dhuinn

Uairean Obrach

Is e 42 uair a thìde gach seachdain na h-uairean obrach làn-ùine, a' gabhail a-steach tràthan bìdh – bithear a' sùileachadh gum bi thu ag obair 37 uair a thìde gach seachdain. Tha ar n-uairean pàirt-ùine mar a tha sanasaichte agus tha Ionadan Gleidhidh Charraighean-cuimhne ag obair ann an co-rèir ri uairean bliadhnail.

Fòrladh Bliadhnail

Tòisichidh tu le 25 làithean (185 uairean a thìde) de shaor-làithean pàighte gach bliadhna. Tha seo ag èirigh gu 30 latha (222 uair a thìde) an dèidh dhut 5 bliadhna de sheirbheis leantainneach a chrìochnachadh. Gheibh thu cuideachd 11.5 làithean (85 uairean is 6 mionaidean) de shaor-làithean poblach is pribhleid pàighte gach bliadhna.

Bidh seo ro-rangaichte do luchd-obrach pàirt-ùine.

Cead Luchd-obrach is Lasachaidhean Luchd-obrach

Thèid cead luchd-obrach a thoirt do thagraiche soirbheachail a bhios a' toirt cothrom an-asgaidh gu ar carraighean-cuimhne uile, a thuilleadh air làraichean English Heritage, Manx and Cadw don neach fa leth agus buill de theaghlach. A thuilleadh air sin, tha ar cosnaichean uile airidh air lasachadh nar n-ionadan bhùithtean.

Obair shùbailte

Tha sinn a' faireachdainn gu bheil cothromachd obair-beatha riatanach agus mar sin tha sinn a' tairgsinn:

- uairean obrach sùbailte
- fòrladh sònraichte
- fòrladh màthaireil / athaireil
- fòrladh uchd-mhacachd
- eàrlasan cùraim-chloinne

Slainte is sochairean

Tha sinn a' tabhann cothrom dhuibh air:

- ar Prògram Cuideachaidh Chosnaichean – airson comhairle phrìobhaideach
- sgeama pàigheadh tinneis dhreuchdail
- lasachaidhean aig ionadan-cleasachd Dhùn Èideann
- iasadan saor bho riadh airson rothairean (agus ceadan siubhail)

Raon Tuarastail is Pàighidh

Tha an tuarastal tòiseachaidh is raon pàighidh don dreuchd seo air an nochdadh san Tuarisgeul Obrach. Ma bhios tu soirbheachail, tòisichidh tu gu h-àbhaisteach aig an ìre as ìsle den sgèile.

Arainneachd Eachdraidheil Alba – Taigh Longmore, Àite Salisbury, Dùn Èideann, EH9 1SH

Àireamh Carthannais Albannach **SC045925**

Àireamh VAT **GB 221 8680 15**



Peinnsean

Tha sinn a' tabhann raon de rèiteachaidhean peinnsein luachmhor, a' gabhail a-steach sgeamaichean peinnsein Seirbheis Chatharra is luchd-ùidhe. Mar sin, faodaidh tu am peinnsean as freagarraiche dhut fhèin a thaghadh.

Probhadh

Feumaidh tagraichean soirbheachail maireannach ùine probhaidh de 9 mìosan a choileanadh le ar luchd-obrach maireannach pàirt-bhliadhna a' coileanadh 5 mìosan de phrobhadh a rèir na h-ùine sheusanach a tha iad ag obair.

Bidh dearbhadh air an dreuchd an urra ri crìochnachadh soirbheachail air an ùine probhaidh.

Slàinte agus ciorram

Tha sinn dearbhach mu dhaoine air a bheil ciorraman. Tha sinn a' feuchainn ri atharrachaidhean reusanta a dhèanamh gus comas a thoirt do chosnaichean an dleastanasan a choileanadh chun na h-ìre as fheàrr as urrainn dhaibh.

Ma tha feum agad air atharrachadh reusanta, cuiridh am manaidsear trusaidh fios thugad gus na riatanasan agad a dheasbad.

Dàta co-ionannachd chothroman

Fiosrachadh dìomhair

Tha sinn dealasach a thaobh co-ionannachd is iomadachd. Thèid beachdachadh air cosnaichean is tagraichean airson obraichean a rèir an comasan agus cha tèid leth-breith a dhèanamh nan aghaidh mar thoradh air aois, dleastanasan cùraim, dath, ciorram, inbhe cosnaidh, gnè, dearbhadh gnèitheach, inbhe phòsta, ballrachd no neo-bhallrachd de dh'aonadh ciùird, nàiseantachd, creideas poiliteigeach, cinneadh no tùs cinnidheach, creideamh no creideas, aomadh gnèitheach no sònrachadh neo-bhuntainneach sam bith eile.

Mar phàirt den dealas seo, tha sinn a' gabhail sgrùdadh co-ionannachd chothroman os làimh air ar sgioba-obrach agus cuideachd air tagraichean do dhreuchdan, gus a dhèanamh comasach dhuinn èifeachdas ar poileasaidhean is modhan-obrach a luachadh.

Thèid dèiligeadh gu dìomhair leis an fhiosrachadh air an fhoirm agus a sgaoileadh ann an co-rèir ri riatanasan na h-Achd Dìon Dàta 1998. Bidh am fiosrachadh air a chleachdadh airson adhbharan staitistigeach a-mhàin, a thuilleadh air tagraichean soirbheachail, oir bidh an dàta mar phàirt de an clàradh pearsanta dìomhair. Cha tèid am foirm, a' gabhail a-steach ceann-latha breith, fhaicinn le buill sam bith den gheàrr-liosta no den phannal agallaimh.